



National 4
Course
Specification



Sònrachadh Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 4 (C749 74)

Bho Lùnastal 2013

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Nuadh-eòlas Nàiseanta 4

SCQF: ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: C749 74

Aonadan Riatanach

H23C 74	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
H23F 74	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
H23G 74	Nuadh-eòlas: Cùisean Eadar-nàiseanta (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF

Aonad Luach-Leasaichte

H23R 74	Pìos-obrach Nuadh-eòlais (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
----------------	---	----------------------------------

Tha an Cùrsa seo a' gabhail a-steach sia puingeann creideis SCQF airson measadh air luach-leasaichte san Aonad Luach-Leasaichte. Tha fiosrachadh a bharrachd mun Aonad seo ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air sgilean, eòlas agus tuigse fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Thèid tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Nuadh-eòlais no Aonadan bhon Chùrsa aig Nàiseanta 5
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cruasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa Nuadh-eòlais a' togail air prionnsapalan agus cleachdadh airson eòlas sòisealta agus thèid a leasachadh gu h-àraidh, ged nach ann buileach, fon cheann 'daoine ann an comann-sòisealta, eaconamaidh agus gnòthachas' taobh a-staigh eòlasan agus builean ann an raon curraicealaim eòlas sòisealta.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoinachadh agus bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Bheir an Cùrsa seo tuigse nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh air an t-saoghal cho-aimsireil agus an àite fhèin ann. Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh na ceithir comasachdan ann an iomadh dòigh. Mar eisimpleir, thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus bidh dùbhlán romhpa coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun dearbh-aithne fhèin agus mun àite fhèin san t-saoghal cho-aimsireil. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse shòisealta, phoilitigeach agus eaconamach a chuidicheas iad gus mothachadh fhaighinn air saoranachd earbsach.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair.

Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse air an t-siostam phoilitigeach dheamocratach agus an àite fhèin ann, cho math ri mothachadh air saoranachd earbsach. Leis gum bi cuideam air luachadh stòran agus dèanamh cho-dhùnaidhean, thèid sgilean smaoineachaidh a leasachadh. Mean air mhean thig piseach air sgilean litearrachd agus àireamhachd luchd-ionnsachaidh cuideachd.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Fosglaidh Nuadh-eòlas saoghal comann-sòisealta co-aimsireil do luchd-ionnsachaidh.

'S e adhbhar Nuadh-eòlais eòlas agus tuigse an neach-ionnsachaidh a leasachadh a thaobh chùisean poilitigeach agus sòisealta co-aimsireil ann an co-theacsaichean ionadail, ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Anns na co-theacsaichean sin, gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh air na cùisean sòisealta agus poilitigeach a choinnicheas iad nam beatha. Thèid an t-adhbhar seo a thoirt gu buil tro bhith a' dèanamh nan ceithir Aonadan sa Chùrsa gu soirbheachail.

Tron Chùrsa Nuadh-eòlais, gabhaidh luchd-ionnsachaidh sgrùdadh ciallach air comann-sòisealta co-aimsireil os làimh, agus thèid togail air na h-aon bhun-bheachdan agus cuspairean tarsainn air na h-Aonadan. Leasaichidh an Cùrsa na sgilean a chuidicheas luchd-ionnsachaidh gus na pròiseasan sòisealta agus poilitigeach a choinnicheas iad an-dràsta agus san àm ri teachd eadar-mhìneachadh, agus pàirt a ghabhail annta.

Tha Nuadh-eòlas a' cur gu sònraichte ris a' churraicealam le bhith a' cur nan saidheansan sòisealta – poilitigs, soiseòlas agus eaconamas – gu feum agus, far a bheil sin iomchaidh, beachdan co-cheangailte air an toirt bho chuspairean sòisealta eile. Mar sin, 's e dòigh-obrach ioma-chuspaireil a th' aige.

'S iad prìomh amasan Nuadh-eòlais gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ grunn sgilean rannsachaidh agus làimhseachadh fiosrachaidh
- ◆ tuigse neo-fhillte air a' phròiseas dheamocratach
- ◆ tuigse neo-fhillte air cùisean sòisealta agus eaconamach aig ìrean ionadail, Albannach, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus dòighean air coinneachadh ri feumalachdan agus neo-ionannachdan
- ◆ mothachadh air beachdan eadar-dhealaichte air an ìre dham bi an stàit an sàs ann an comann-sòisealta
- ◆ mothachadh air coltas agus pròiseasan rèiteach-còmhstri
- ◆ tuigse air còraichean agus dleastanasan daonna agus laghail agus mar a thatar gan cleachdadh ann an comainn-shòisealta eadar-dhealaichte

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte, bhon fheadhainn a tha ag iarraidh tuigse nas fheàrr fhaighinn air comann-sòisealta co-aimsireil agus air an àite aca fhèin ann, gu luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte no gu foghlam adhartach no cosnadh.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, 's dòcha gum bi e feumail do luchd-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a bhith aca a chaidh a leasachadh tro eòlasan agus builean buntainneach bhon fhoghlam fharsaing choitcheann no teisteanasan co-ionann.

Le bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail leasaichidh luchd-ionnsachaidh grunn sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh sreath de dh'fhiosrachadh/fhianais air cùisean co-aimsireil; a' luachadh fiosrachadh/fianais gus mìneachaidhean neo-fhillte a thoirt fhad 's a tha iad a' lorg leiteachas agus àibheiseachd; a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean; a' cur argamaidean neo-fhillte ri chèile ann an dòigh cothromach le structar; agus a' cur bheachdan, bharailean, agus cho-dhùnaidhean stèidhte air fianais an cèill, ann an caochladh dhòighean.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Nuadh-eòlais gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu SCQF ìre 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Nuadh-eòlais agus tarsainn gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an Eòlas Sòisealta.

Leigidh Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 4 luchd-ionnsachaidh a-steach gu tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus trèanadh. Tha an Cùrsa seo na ullachadh airson tòrr obraichean agus dhreuchdan eadar-dhealaichte.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil. Brosnaichidh e ionnsachadh gnìomhach fhad 's a tha e a' leasachadh tuigse air comann-sòisealta co-aimsireil. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach. Tro bhith a' cleachdadh beagan de stòran fiosrachaidh, leasaichidh iad sgilean rannsachaidh agus luachaidh gus cùisean poilitigeach, sòisealta agus eadar-nàiseanta a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh sreath de dh'fhiosrachadh/fhianais air cùisean co-aimsireil; a' luachadh fiosrachadh/fianais gus mìneachaidhean neo-fhillte a thoirt fhad 's a tha iad a' lorg leiteachas agus àibheiseachd; a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean; a' cur argamaidean neo-fhillte ri chèile ann an dòigh cothromach le structar; agus a' cur bheachdan, bharailean, agus cho-dhùnaidhean stèidhte air fianais an cèill, ann an caochladh dhòighean.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadh tarsainn air co-theacsaichean poilitigeach, sòisealta agus eadar-nàiseanta sna h-Aonadan a leanas. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha ceithir Aonadan riatanach sa Chùrsa seo, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach-Leasaichte. Am broinn gach Aonaid tha sùbailteachd a thaobh chuspairean a dh'fhaodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Thèid na prionnsapalan gu h-àrd a chleachdadh anns na h-Aonadan gu h-ìosal:

Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean le bhith a' cleachdadh stòran fiosrachaidh gus eisimpleirean de leiteachas agus àibheiseachd a lorg agus a mhìneachadh. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-fhillte air deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte. Leasaichidh iad eòlas agus tuigse air structar poilitigeach na RA, a' gabhail a-steach àite na h-Alba taobh a-staigh seo agus nan deasbadan timcheall air an t-suidheachadh seo. Bidh taghadh aig luchd-ionnsachaidh an uair sin air co-theacsaichean airson sgrùdadh a thig **an dàrna cuid** bho shiostam poilitigeach na h-Alba **no** bho shiostam poilitigeach na RA. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air na prìomh stèidheachaidhean agus buidhnean a tha an lùib beatha phoilitigeach sa cho-theacsa a thagh iad. Leasaichidh iad eòlas agus tuigse air na dòighean sam faigh comann-sòisealta fios mun t-siostam phoilitigeach, na dòighean anns an urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann, agus buaidh a thoirt air an t-siostam phoilitigeach. Leasaichidh iad tuigse air na còraichean agus na

dleastanasan aca ann an comann-sòisealta poilitigeach deamocratach co-aimsireil.

Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean le bhith a' cleachdadh stòran fiosrachaidh gus co-dhùnaidhean neo-fhillte a dhèanamh agus a dhìon. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-fhillte air cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte. Tha taghadh aca de chùisean sòisealta taobh a-staigh Alba agus na RA. Cuiridh co-theacsaichean airson sgrùdadh fòcas **an dàrna cuid** air neo-ionannachd shòisealta **no** air eucoir agus an lagh. Ann an co-theacsa neo-ionannachd shòisealta, cuiridh luchd-ionnsachaidh fòcas air feart sònraichte de neo-ionannachd shòisealta cho-aimsireil san RA. Leasaichidh iad eòlas agus tuigse air na h-adhbharan airson neo-ionannachd shòisealta agus a' bhuil, agus oidhirpean leis an riaghaltas, le buidhnean eile agus le daoine fa leth gus dèiligeadh rithe. Ann an co-theacsa eucoir agus an lagh, leasaichidh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air na h-adhbharan airson eucoir, buaidh eucoir air daoine fa leth agus air comann-sòisealta, agus an t-àite aig daoine fa leth, am poileas, an siostam laghail agus an stàit ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoir.

Nuadh-eòlas: Cùisean Eadar-nàiseanta (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean le bhith a' cleachdadh stòran fiosrachaidh gus co-dhùnaidhean neo-fhillte a dhèanamh agus a dhìon. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-fhillte air cùisean eadar-nàiseanta. Tha taghadh aca de cho-theacsaichean airson sgrùdadh. Faodaidh co-theacsaichean airson sgrùdadh a bhith **an dàrna cuid** sgrùdadh sòis-eaconamach agus poilitigeach air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail **no** cùis cho-aimsireil san t-saoghal. Cuiridh an sgrùdadh air tè de chumhachdan mòra an t-saoghail fòcas air cùisean sòis-eaconamach co-aimsireil agus air sgrùdadh air an t-siostam phoilitigeach aice. Cuiridh an sgrùdadh air cùis san t-saoghal fòcas air cùis cho-aimsireil mhòr, na h-adhbharan air a son agus a' bhuil, agus oidhirpean gus a fuasgladh.

Aonad Luach-Leasaichte: Pìos-obrach Nuadh-eòlais (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, taghaidh luchd-ionnsachaidh cùis air a toirt bho cho-theacsaichean nuadh-eòlais airson sgrùdadh pearsanta. Rannsaichidh iad a' chùis a thagh iad agus taisbeanaidh iad na toraidhean. Tron obair seo bidh cothroman aca fèin-fhiosrachadh fhaighinn air dùbhlann agus cleachdadh, 's iad a' toirt tuilleadh leasachaidh air na sgilean, an eòlas agus an tuigse a fhuair iad sna trì Aonadan eile den Chùrsa, agus gan cleachdadh.

Cumhachan coileanaidh

Gus Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a phasaigeadh, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach-Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse a thèid a chòmhdach sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhdach:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse neo-fhillte ann an co-theacsaichean poilitigeach, sòisealta no eadar-nàiseanta
- ◆ le taic, a' rannsachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho bheagan de stòran mu chùisean co-aimsireil air a bheilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh beagan stòran fiosrachaidh gus leiteachas agus àibheiseachd a lorg agus a mhìneachadh ann an co-theacsaichean poilitigeach air a bheilear eòlach
- ◆ a' cur dìon neo-fhillte air co-dhùnidhean a rinneadh ann an co-theacsaichean sòisealta air a bheilear eòlach, a' cleachdadh beagan stòran fiosrachaidh
- ◆ a' cur dìon neo-fhillte air co-dhùnidhean ciallach dhan tàinig iad a' cleachdadh beagan stòran fiosrachaidh mu chùisean eadar-nàiseanta air a bheilear eòlach
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air na prìomh phròiseasan, stèidheachaidhean agus buidhnean deamocratach a tha an lùib beatha phoilitigeach na h-Alba agus/no na RA le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air cùis shòisealta mhòr ann an Alba agus san RA le fòcas air neo-ionannachd shòisealta no air eucoir agus an lagh le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air cùis eadar-nàiseanta a tha a' buntainn an dàrna cuid ri tè de chumhachdan mòra an t-saoghail no ri cùis cho-aimsireil san t-saoghal, le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte.

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear anns na Sònrachaidhean Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin.

Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir irean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas beagan stòran fiosrachaidh a chleachdadh gus leiteachas agus àibheiseachd a lorg agus a mhìneachadh ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach bho chùisean poilitigeach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a tha a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air cùisean poilitigeach ann an Alba agus/no san Rìoghachd Aonaichte

Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas beagan stòran fiosrachaidh a chleachdadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus a dhìon ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach mu chùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air cùisean sòisealta ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte air an toirt an dàrna cuid bho cho-theacsa neo-ionannachd shòisealta san Rìoghachd Aonaichte no bho eucoir agus an lagh san Rìoghachd Aonaichte

Nuadh-eòlas: Cùisean Eadar-nàiseanta (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas beagan stòran fiosrachaidh a chleachdadh gus tighinn gu co-dhùnaidhean ciallach ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach mu chùisean eadar-nàiseanta, agus an dìon
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air cùisean eadar-nàiseanta air an toirt an dàrna cuid bho sgrùdadh air cùisean sòis-eaconamach agus poilitigeach

ann an tè de chumhachdan mòra an t-saoghail no bho chùis cho-aimsireil san t-saoghal

Aonad Luach-Leasaichte

Tha measadh air luach-leasaichte ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach-leasaichte a mheasadh ann an Aonad Luach-Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach-Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cleachdadh.

Ann an Cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 4, cuiridh an t-Aonad Luach-Leasaichte fòcas air:

- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le pìos-obrach anns an rannsaich luchd-ionnsachaidh cuspair no cùis nuadh-eòlais agus taisbeanaidh iad na toraidhean. Bidh am pìos-obrach fosgailte agus sùbailte gu leòr gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Bidh eisimpleirean de shlatan-tomhais airson nan Aonadan seo rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhisge a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

1.1 Leughadh

2 Àireamhachd

2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

5.2 A' tuigsinn

5.3 A' cleachdadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Giblean 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ùghdarrachd le	Deit